

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Falkirk' Mhoireibh

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,356. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 1,052 corresponds to Litir 1,356. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bidh sibh eòlach air baile ris an canar *Falkirk*. Tha e suidhichte air a' Mhachair Ghallta. 'S e *An Eaglais Bhreac* a chanas sinn ris ann an Gàidhlig.

Ach an robh fios agaibh gun robh baile eile ann air an robh Falkirk mar ainm? 'S e baile-fearainn a th' ann agus tha e air Bràigh Mhoireibh. Tha e beag agus car iomallach **an coimeas ris an Eaglais Bhric** air a' Ghalltachd.

Thàinig mi tarsainn air Falkirk Mhoireibh nuair a bha mi a' dèanamh rannsachadh air na sgrìobhaidhean aig Tòmas Dic Lauder. B' esan an duine a sgrìobh pàipear mu iasgach an sgadain ann am meadhan an naoidheamh linn deug. Bha mi ag innse dhuibh mu dheidhinn anns an Litir mu dheireadh.

Sgrìobh Lauder tòrr dhiofar rudan – ficsean agus cunntasan mu thachartasan agus eachdraidh. Am measg sin, bha cunntas mionaideach de na tuiltean ann am Moireibh ann an ochd ceud deug, fichead 's a naoi (1829). Rinn na tuiltean sin sgrìobhadh uabhasach.

Bha Lauder gu math eòlach air Moireibh. Chaidh e am measg nan uaislean agus nan tuathanach anns an sgìre sin an dèidh nan tuiltean. Fhuair e a-mach mun sgrìobhadh a rinn na h-aibhnichean is na h-uillt a bhris na bruaichean aca. Mar eisimpleir, chaill aon tuathanach trithead acaire de dh'fhearann – ann an àite far an robh e doirbh gu leòr bith-beò a dhèanamh co-dhiù.

Nuair a bha e a' rannsachadh a' ghnòthaich, chuala Lauder naidheachd mu na madaidhean-allaidh mu dheireadh anns an sgìre. Bha dithis bhràithrean a' fuireach ann am Falkirk, a bha ri taobh Abhainn Duibhidh. Bha fios aca gun robh saobhaidh aig na madaidhean-allaidh mu dheireadh ann am mòr-chlais faisg air Cnoc Bràigh Mhoireibh – eadar an taigh aca agus Loch nan Doirb.

Dh'obraich na bràithrean còmhla. Thug iad sùil air an t-saobhaidh. Nuair a dh'fhalbh pàrantan nan cuileanan a-mach airson sealg, chaidh fear de na bràithrean a-steach don t-saobhaidh. Bha biodag aige. Chùm a bhràthair sùil a-mach air an taobh a-muigh, eagal 's gun tilleadh na madaidhean-allaidh mòra. B' esan am freiceadan.

Chuir am fear a bha am broinn na saobhaidh às do na cuileanan gu furasta. Ach mus d' fhuair e a-mach, thill na madaidhean mòra. Ghabh am freiceadan eagal a bheatha romhpa agus theich e. Cha tug e eadhon rabhadh do a bhràthair gun robh na madaidhean mòra ann.

Bha e air a nàrachadh mu na rinn e. Rinn e lotan air fhèin le a bhiodaig. Nuair a thill e dhachaigh, dh'inns e do mhuinntir an àite gun robh na madaidhean-allaidh air an dithis aca a lorg am broinn na saobhaidh. Bha sabaid ann agus mharbh na madaidhean a bhràthair.

Ge-tà, nuair a chaidh na daoine ann airson corp a bhràthar a thoirt dhachaigh, lorg iad e fhathast beò, **ach air èiginn**. Dh'inns e dhaibh mar a thachair. Thill na madaidhean mòra gun fhiosta dha. Ged a rinn e a' chùis orra, chaidh a leòn gu dona. A rèir beul-aithris, chaidh a bhràthair, a bh' air a thrèigsinn, a chrochadh gu bàs.

Nise, ged as e *Falkirk* a th' air a' bhaile mar ainm air na seann mhapaichean, 's e *Feakirk* a chithear air mapaichean an latha an-diugh. Tha mi an dùil gu bheil e a' tighinn bhon Ghàidhlig *Fèith [na] Circe 'the bog of the grouse'*. Chanainn nach eil e ceangailte idir ri eaglais.

* * * * *

Faclan na Litreach: Tòmas Dic Lauder: *Thomas Dick Lauder*; madaidhean-allaidh: *wolves*; Abhainn Duibhidh: *River Divie*; saobhaidh: *den*; Loch nan Doirb: *Lochindorb*; cuileanan: *pups*; biodag: *dirk*; freiceadan: *watchman, lookout*.

Abairtean na Litreach: suidhichte air a' Mhachair Ghallta: *situated in the Central Belt of Scotland*; 's e baile-fearainn a th' ann agus tha e air Bràigh Mhoireibh: *it's a farm and it's in Braemoray [upland of Moray]*; b' esan an duine a sgrìobh pàipear mu iasgach an sgadain: *he is the man who wrote the paper about herring fishing*; ficsean agus cunntasan mu thachartasan agus eachdraidh: *fiction and accounts of events and history*; bha cunntas mionaideach de na tuiltean: *there was a detailed account of the floods*; am measg nan uaislean agus nan tuathanach: *among the gentry and the farmers*; mun sgrìobh a rinn na h-aibhnichean is na h-uillt a bhris na bruaichean aca: *about the damage the rivers and burns that broke their banks did*; chaill aon tuathanach trithead acaire de dh'fhearann: *one farmer lost thirty acres of land*; far an robh e doirbh gu leòr bith-beò a dhèanamh: *where it was difficult enough to make a living*; mòr-chlais faisg air Cnoc Bràigh Mhoireibh: *a ravine near Knock of Braemoray*; eagal 's gun tilleadh na madaidhean-allaidh mòra: *in case the adult wolves should return*; ghabh am freiceadan eagal a bheatha romhpa agus theich e: *the watchman was frightened by them and he fled*; cha tug e eadhon rabhadh do a bhràthair: *he didn't even warn his brother*; bha e air a nàrachadh mu na rinn e: *he was ashamed of what he did*; dh'inns e dhaibh mar a thachair: *he told them what had happened*; thill na madaidhean mòra gun fhiosta dha: *the adult wolves returned without him knowing*; chaidh a bhràthair, a bh' air a thrèigsinn, a chrochadh gu bàs: *his brother, who had abandoned him, was executed by hanging*; chanainn nach eil e ceangailte idir ri eaglais: *I'd say it is not connected in any way to a church*.

Puing-chànain na Litreach: beag agus car iomallach **an coimeas ris an Eaglais**

Bhric: *small and somewhat remote compared to Falkirk*. Eaglais is a feminine noun and feminine nouns traditionally slenderise in the dative singular case (following a simple preposition like 'ri'). Eaglais is already slender (the final vowel is an 'i') but the adjective bhreac, which has a broad final vowel, is slenderised to bhric.

Gnàthas-cainnt na Litreach: lorg iad e fhathast beò, **ach air èiginn**: *they found him still alive, but only just*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA